

Notaichean Taic Duais Eòlas na h-Alba (Ìre SCQF 6)



Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhrìc a bharrachd de na *Notaichean Taic Duaise* seo ìos-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk

Thoiribh sùil air an nota mu na h-atharrachaidhean aig deireadh an sgrìobhainn seo airson mion-fhiosrachadh mu atharrachaidhean bhon dreach roimhe seo (far a bheil sin iomchaidh).

Clàr-innse

Notaichean Taic Duaise

Notaichean Taic Duais Eòlas na h-Alba (Ìre SCQF 6)	1	
Ro-ràdh	1	
Stiùireadh coitcheann mun Duais	2	
Modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh	4	
Co-ionannachd agus in-ghabhail	13	
Eàrr-ràdh 1: Rangachdan tarsainn Duais Eòlas na h-Alba bho SCQF ìrean 3-5	14	
Fiosrachadh Rianachdail	22	
Notaichean Taic Aonaid — Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)		23
Ro-ràdh	24	
Stiùireadh coitcheann mun Aonad	25	
Modhan ionnsachaidh agus teagaisg	27	
Modhan measaidh agus tional fianais	31	
Co-ionannachd agus in-ghabhail	33	
Fiosrachadh rianachdail	34	

Ro-ràdh

Chan eil na *Notaichean Taic Duaise* seo do-sheachanta. Tha iad a' solarachadh comhairle is stiùireadh a thaobh modhan liubhairt is measaidh air *Duais Eòlais na h-Alba (SCQF ìre 6)*. Tha iad san amharc do thidsearan is òraidichean. Bu chòir an leughadh ann an co-bhann ri:

- ◆ Sònrachadh na Duaise.
- ◆ na Sònrachaidhean Aonaid do na h-Aonadan do-sheachanta, na h-Aonadan roghnach buntainneach agus
- ◆ na Notaichean Taic do na h-Aonadan sin.
- ◆ stuthan taic measaidh do na h-Aonadan seo.

Stiùireadh coitcheann mun Duais

Amasan

Is e amas iomlan na Duaise seo, aithneachadh a thoirt do luchd-ionnsachaidh a tha air roghnachadh an cuid eòlais air Alba a leudachadh agus doimhneachd a chur ris tarsainn a' churraicealam. Tha cothrom aig luchd-ionnsachaidh an cuid sgilean a tha cudromach do dh'ionnsachadh soirbheachail neo-eisimeileach, a leasachadh fo stiùireadh neo-òrdughail.

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu amasan mionaideach na Duaise seo ri fhaotainn ann an *Sònrachadh Duais Eòlas na h-Alba (SCQF ìre 6)*.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha frèam leathan agus shùbailte aig an Duais seo, le raon fharsaing de dh'Aonadan do dh'ionadan is luchd-ionnsachaidh bhom faod iad taghadh. Mar sin bidh na sgilean, eòlas agus tuigse shònraichte air an leasachadh leis gach neach-ionnsachaidh an crochadh air a' chothlamadh de dh'Aonadan roghnach a chleachdar gus cur ris an Duais. Tha mion-fhiosrachadh mu gach Aonad ri fhaotainn anns na *Notaichean Taic Aonaid* buntainneach.

Ach, gus an Duais a chosnadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh uile crìoch a chur air an Aonad àithnteil *Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)*. San Aonad seo, leasaichidh iad eòlas is tuigse air aon taobh de dh'Eòlas na h-Alba sa bheil ùidh shònraichte aca. Ionnsaichidh iad cuideachd, fo stiùireadh neo-òrdughail, air:

- ◆ raointean ionnsachaidh buntainneach a chomharrachadh, agus tùsan fiosrachaidh mionaideach is goireasan
- ◆ rannsachadh thùsan agus taghadh fiosrachadh buntainneach
- ◆ cleachdadh fiosrachaidh is goireasan gus amasan comharraichte a choileanadh
- ◆ meòrachadh air an cuid ionnsachaidh
- ◆ mion-sgrùdadh ann an doimhneachd, agus conaltradh gu h-èifeachdach agus gu mionaideach
- ◆ na tha iad air ionnsachadh a chonaltradh gu h-èifeachdach, gu h-iomchaidh agus gu mionaideach
- ◆ pròiseasan a tha iad air a leantainn a luachadh agus èifeachdas an conaltraidh
- ◆ obair gu neo-eisimeileach

Rangachdan

Tha *Duais Eòlas na h-Alba* ri faotainn aig SCQF ìrean 2-6. Tha mòran de na h-Aonadan a tha a' cur ris an Duais aig SCQF ìre 6 ann an rangachd le Aonadan a tha a' cur ris an Duais aig SCQF ìrean 3, 4 agus/no 5. Ach, tha àireamh de dh'Aonadan a tha rim faotainn aig SCQF ìrean 4, 5 no 6 **a-mhàin**.

Ma tha ionadan a' sùileachadh ris an Duais a thairgsinn do bhuidhnean ioma-
ireil, feumaidh iad cunntas a ghabhail air an seo nuair a tha iad a' co-dhùnadh dè
na roghainnean a bhios fosgailte don luchd-ionnsachaidh aca. Tha an *Eàrr-ràdh*
seo do na *Notaichean Taic* a' toirt seachad thar-shealladh air na rangachdan
tarsainn na Duaise aig SCQF ìrean 3-6. Faodaidh ionadan am fiosrachadh seo a
chleachdadh airson an cuideachadh gu bhith a' planadh roghainnean
freagarrach.

Modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh

A' Planadh Liubhairt

Dh'fhaodadh *Duais Eòlais na h-Alba* (SCQF ìre 6) a bhith air a liubhairt ann an diofar dhòighean. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh i a bhith air a liubhairt thar ùine dhùth shònraichte, no air bunait làn-ùine no pàirt-ùine. Air an làimh eile, dh'fhaodadh i a bhith air a liubhairt leatha fhèin no ann an co-bhann ri teisteanasan eile thar aon bhliadhna acadaimigeach no barrachd.

Bidh an ùine iomchaidh airson gach ionad an Duais a bhuileachadh, an eisimeil na h-ùine agus nan goireasan a tha rim faotainn, feumalachdan an luchd-ionnsachaidh aca agus an co-theacs liubhairt.

Tha an Duais cuideachd tar-churraicealach: feumaidh luchd-ionnsachaidh Aonadan a chrìochnachadh bho **thrì** dhiofar raointean cuspaireil, tarsainn co-dhiù **dà** bhuidheann, a thuilleadh air Aonad *Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas* (SCQF ìre 6), a tha àithnteil. Tha raon fharsaing de dh'Aonadan is raointean cuspaireil aig Ionadan is luchd-ionnsachaidh bhom faod iad taghadh a dhèanamh.

Tha a' mhòr-chuid de na h-Aonadan roghnach san Duais a' cur ri Teisteanasan Nàiseanta eile aig SCQF ìre 6 (Cùrsaichean Nàiseanta, Teisteanasan Nàiseanta, Duaisean Adhartais Nàiseanta agus Duaisean). Ma tha ionad a' liubhairt *Duais Eòlas na h-Alba* (SCQF ìre 6) taobh ri taobh le Teisteanas Nàiseanta buntainneach sam bith eile, bidh modh cothlamaichte a thaobh liubhairt agus measaidh comasach. Mar eisimpleir, ma tha neach-ionnsachaidh a' dèanamh sgrùdadh air a' *Chùrsa Beurla* (SCQF ìre 6) feumaidh e/i an Aonad àithnteil, *Beurla: Anailis agus Luachadh* (SCQF ìre 6) a chrìochnachadh. Tha an t-Aonad seo – air a liubhairt agus air a mheasadh ann an co-theacs Albannach - mar Aonad roghnach ann an *Duais Eòlas na h-Alba* (SCQF ìre 6).

Mar thoradh air na tha gu h-àrd, dh'fhaodadh gum biodh e na chuideachadh do dh'ionadan modh-obrach **co-òrdanaichte** a phlanadh a thaobh liubhairt tarsainn raointean cuspaireil is roinnean buntainneach, dàmhan no raointean curraicealach, mus buillichear an Duais. Faodaidh modh-obrach co-òrdanaichte cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil e comasach do dh'ionadan an fheum as àirde a dhèanamh de chothroman air measadh airson na Duaise a chothlamadh le measadh airson Teisteanasan Nàiseanta eile, nuair a tha sin iomchaidh.

Tha ionadan saor gus liubhairt a cho-òrdanachadh anns an dòigh as freagarraiche do na structaran, prìomhachasan agus na goireasan a th' aca fhèin air an taobh a-staigh agus an t-ealantas cuspaireil a tha fosgailte dhaibh. Ach, dh'fhaodadh aon mhodh-obrach comasach a bhith an sàs ann an stèidheachadh 'Sgioba Duaise'. Dh'fhaodadh an sgioba seo a bhith air a dèanamh suas leis gach neach a tha an sàs ann an liubhairt na Duaise no a' co-òrdanachadh fiosrachaidh mu na roghainnean a tha luchd-ionnsachaidh air a thaghadh. Dh'fhaodadh 'Stiùiriche Sgioba Duaise' cuideachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil thar-shealladh aig an ionad air obair na sgioba.

Aig ìre planaidh, dh'fhaodadh an 'sgìoba Duaise' coinneachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil na buill uile ag aontachadh modh-obrach na sgioba agus

mothachail don fhiosrachadh bhuntainneach uile. Aig àm liubhairt, dh'fhaodadh buill den sgioba coinneachadh gu cunbhalach a dheasbad air na modhan liubhairt is measaidh a tha iad a' cleachdadh; cùisean agus am fuasglaidhean a chomharrachadh; pàirt a ghabhail ann am fìreanachadh air an taobh a-staigh mar a bhios iomchaidh do na h-Aonadan a tha iad a' liubhairt, agus deasbad air adhartas an luchd-ionnsachaidh.

Co-theacsan Albannach

Mar a chaidh iomradh cheana, feumaidh luchd-ionnsachaidh uile an t-Aonad àithnteil *Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)* a chrìochnachadh. A thuilleadh air an sin, tha àireamh de dh'Aonadan roghnach rim faotainn bhom faod luchd-ionnsachaidh taghadh.

Feumaidh na h-Aonadan roghnach sin a bhith air an liubhairt agus air am measadh ann an Co-theacs Albannach agus tha saorsa aig ionadan na co-theacsan Albannach as iomchaidh a thaghadh a rèir nan goireasan agus an ealantais a tha ri fhaotainn.

Tha co-theacs follaiseach no àithnteil Albannach aig cuid de na h-Aonadan mar phàirt de dh'inbhean an Aonaid. Tha iad sin air an liostadh air a' chlàr gu h-ìosal:

Aonadan ann am Buidheann 1: Cànan agus Litreachas	
Beurla	Beurla: Anailis is Luachadh
Gàidhlig is Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (aon Aonad a-mhàin)	Gàidhlig: Anailis is Luachadh
	Gàidhlig: Cruthachadh is Toradh
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Cànan
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Cànan
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) do Adhbharan Obrach	
Albais (aon Aonad a-mhàin)	Albais: Eachdraidh is Leasachadh
	Albais: Tuigsinn is Conaltradh
Aonadan ann am Buidheann 2: Comann-sòisealta agus Arainneachd	
Saidheans Co-churte (aon Aonad a-mhàin)	Cleachdadh Fearainn ann an Alba
	Eag-eòlas na h-Alba
Geòlas	Mèinnirean is Creagan
Eachdraidh (aon Aonad a-mhàin)	Eòlas Eachdraidh: Albannach
	Eachdraidh nan Ceilteach ann an Alba
Lagh (aon Aonad a-mhàin)	Lagh na h-Alba: Ro-ràdh
	Reachdas Dion Luchd-cleachdaidh ann an Alba
	Frèam Laghail na h-Alba
Eachdraidh	Eòlas Eachdraidh: Albannach
Nuadh-eòlas (aon Aonad a-mhàin)	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte
Poilitigs	Obair Riaghaltas Ionadail ann an Alba
Aonadan ann am Buidheann 3: Ealain agus Cultar	
Dràma	Theatar Co-aimsireil Albannach
Ceòl	Teòiridh na Pìoba Gàidhealaich: A' Phìob Mhòr
Aonadan ann am Buidheann 4: Gnothachas, Gnìomhachas agus Cosnadh	
Cùram (aon Aonad a-mhàin)	Cùram: Luachan is Prionnsapalan
	Ag obair ann an Suidheachaidhean Slàinte is Cùram Sòisealta
Eaconamas	Gnìomhachd Eaconamach na RA
Siubhal is Turasachd (aon Aonad a-mhàin)	Toradh Turasachd na h-Alba: Ro-ràdh
	Gnìomhachas Dualchais ann an Alba

Airson Aonadan eile, bhiodh raon fharsaing de cho-theacsan Albannach iomchaidh. Tha stiùireadh mu liubhairt nan Aonadan sin ri fhaighinn gu h-ìosal:

Raon cuspaireil	Tìotal an Aonaid	Stiùireadh
Aonadan ann am Buidheann 1: Cànan agus Litreachas		
Beurla	Beurla: Cruthachadh is Rìochdachadh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Cruthachadh is rìochdachadh teacs sgrìobhte ioma-fhillte is mionaideach le tèama Albannach no ann an Albais/dualchainnt Albannach. Agus/No Com-pàirteachadh ann an eadar- obrachadh labhairte ioma-fhillte is mionaideach le tèama Albannach no ann an Albais/dualchainnt Albannach.
Aonadan ann am Buidheann 2: Comann-sòisealta agus Àrainneachd		
Saidheans Àrainneachdail (aon Aonad a- mhàin)	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Cruinne-cè le Co- theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Sgrùdadh air cùis saidheans àrainneachdail a thaobh a bhuidh air an àrainneachd/comann-sòisealta ann an Alba.
	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Sgrùdadh seasmhachd a thaobh biadh, uisge, lùth agus làimhseachadh sgudal ann an Alba.
Cruinn-eòlas	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Sgrùdadh seòrsa(ichean) cruth-tìre buntainneach ann an Alba agus an cleachdadh fearainn co-cheangailte ris.
Slàinte agus Teicneòlas Bidhe	Slàinte agus Teicneòlas Bidhe: Cùisean Bidhe Co-aimsireil le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Rannsachadh air cùis bidhe co-aimsireil aig a bheil buaidh air daoine fa leth no an comann-sòisealta ann an Alba.
Nuadh-eòlas	Nuadh-eòlas: Cùisean sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le Co- theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Sgrùdadh chùisean de neo-ionannachd sòisealta no eucoir agus an lagh an taobh a-staigh Alba.
Creideamh, Creideas is Luachan	Rannsachadh Creideamh agus Creideas le Co- theacs Albannach (SCQF ìre 6)*	Sgrùdadh cuspair co-cheangailte ri creideamh no creideas cràbhach aig a bheil buntainneas co-aimsireil no eachdraidheil ann an Alba.
Sòiseòlas	Sòiseòlas: Cùisean Sòisealta le Co- theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Sgrùdadh cuspair sòisealta de bhuntainneas co-aimsireil ann an Alba bho thaobh sòiseòlasach.

Feallsanachd	Feallsanachd: Eòlas agus Teagamh le Co- theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Sgrùdadh air teòiridh eòlais Dhaibhidh Hume ann an co-theacs impireileachd.
Aonadan ann am Buidheann 3: Ealain agus Cultar		
Na Meadhanan (aon Aonad a- mhàin)	Anailis air Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Coileanadh anailis mhionaideach is ioma-fhillte air co-dhiù aon eisimpleir de shusbaint mheadhanan Albannach.
	Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Cruthachadh susbaint mheadhanan stèidhichte air adhbhar brosnachaidh Albannach no air tèama Albannach.
Ealain is Dealbhadh (aon Aonad a-mhàin)	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Anailis air feartan aig a bheil buaidh air luchd-ealain Albannach agus cleachdadh ealain. Toradh air beachdan leasachaidh cruthachail stèidhichte air stuth cuspaireil freagarrach Albannach.
	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Deilbh le Co- theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Anailis air feartan aig a bheil buaidh air luchd-deilbh Albannach agus cleachdadh deilbhe. Riochdachadh bheachdan deilbhe cruthachail airson stiùireadh deilbhe le tèama Albannach.
Dannsa	Dannsa: Sgilean Teicnigeach le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Leasachadh eòlais agus tuigse bhreithneachail de stoidhle dannsa Albannach, a' cur sgilean teicnigeach an cèill an seo agus stoidhle iomsgarach.
Dràma	Sgilean Dràma le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Cur sgilean dràma ioma-fhillte an cèill agus cur ris a' phròiseas dràma le bhith a' rannsachadh, planadh agus innleachadh dràma ioma-fhillte stèidhichte air brosnachaidhean le tèama Albannach, a' gabhail a-steach teacs.
Ceòl; (aon Aonad a- mhàin)	Ceòl: Sgilean Coileanadh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Leasachadh agus nochdadh sgilean ciùil agus teicnigeach tro chluich/seinn ann an raon de stoidhlichean, a' gabhail a-steach ceòl ann an stoidhle Albannach.
	Ceòl: Sgilean Cruthachaidh le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Cruthachadh ceòl tùsail le cuid de fheartan ciùil Albannach.
Aonadan ann am Buidheann 4: Gnothachas, Gnìomhachas agus Cosnadh		
Stiùireadh	Tuigsinn	Anailis air feartan, cinn-uidhe agus

Gnothachais	Gnothachas le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	in-structaran ann am buidhnean gnothachais mhòra, a' gabhail a-steach buidhnean ann an Alba.
Saidheans Innleadaireachd	Co-theacsan is Dùbhlain Innleadaireachd le Co-theacs Albannach (Àrd-Ìre)	Rannsachadh agus toirt iomradh air siostam innleadaireachd ioma-fhillte ann an Alba no de thùs Albannach. Agus/no Riòchdachadh anailis bhreithneachail air fuasgladh innleadaireachd do cheist co-aimsireil ann an Alba.

Modhan Ionnsachaidh agus Teagaisg

A thaobh an raoin fharsaing de dh'Aonadan a dh'fhaodadh cur ris an Duais seo, bidh modhan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh diofraichte bho ionad gu ionad agus le luchd-ionnsachaidh fa leth. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean coimhead ri *Sònrachaidhean Aonaid* agus *Notaichean Taic Aonaid* a tha buntainneach.

Breithneachadh fianais

Feumaidh fianais neach-ionnsachaidh airson Aonadan sònraichte a bhith air a breithneachadh an aghaidh *Cunntas Inbhean (Builean, Slatan-tomhais Measaidh agus Riathanasan Fianais)* anns an *Sònrachadh Aonaid* a tha buntainneach. Bu chòir do thidsearan is òraidichean coimhead gu dlùth ris na pasganan buntainneach de *Taic Measaidh Aonaid*.

Feumaidh measadh Aonadan uile a bhith air fhìreanachadh bhon taobh a-staigh, a' cleachdadh in-phròiseasan fireanachaidh gach ionaid agus bidh sin umhail do fhìreanachadh bhon taobh a-muigh le SQA.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean don bheatha agus sgilean don obair

Thathar a' sùileachadh gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing coitcheann airson ionnsachadh, sgilean don bheatha agus sgilean don obair fhad 's a tha iad a' coileanadh na Duaise seo. Gheibhear mion-fhiosrachadh mu na sgilean sin ann am *Frèam Sgilean: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean don Bheatha agus Sgilean don Obair* aig SQA. Bidh an raon sònraichte de na sgilean sin air an leasachadh le luchd-ionnsachaidh an urra ris a' chothlamadh de dh'Aonadan roghnachail a choileanas iad mar phàirt den Duais. Ach, cuiridh luchd-ionnsachaidh uile crìoch air Aonad *Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)* a tha a' solarachadh chothroman dhaibh air na sgilean san liosta gu h-ìosal a leasachadh. Faodaidh na sgilean sin a bhith air an togail a-steach don Duais mar a bhios iomchaidh.

Prìomh sgil	Fo-sheata sgilean buntainneach
<p>3. Slàinte agus Sunnd Is e seo an comas air cùram a ghabhail dhìot fhèin agus càch, agus a bhith cunntachail airson do chuid ionnsachaidh is sochair. Tha e a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh d' fhaireachdainnean, a' leasachadh seasamh a thaobh do bheatha a tha deimhinneach is gnìomhach agus a' togail dhàimhean le càch.</p>	<p>3.1 Ionnsachadh pearsanta Tha seo a' ciallachadh a bhith an sàs gu gnìomhach ann an ionnsachadh agus mar a ghabhas e a phlanadh, fhaotainn, a bhuileachadh agus a chumail suas. Tha e a' gabhail a-steach cuideachd leantainn air feòrachas, smaoinachadh adhartach, meòrachadh agus ionnsachadh bho eòlas.</p>
<p>4. So-fhastachd, Iomairt agus Saoranachd Is e seo an comas air sgilean, tuigse agus feartan pearsanta a leasachadh, a' gabhail a-steach seasamh deimhinneach a thaobh obair, a thaobh chàich agus a thaobh goireasan an t-saoghail.</p>	<p>4.4 Iomairt Tha iomairt a' ciallachadh: an comas air a bhith cruthachail, sùbailte agus innleachdach le seasamh deimhinneach a thaobh atharrachadh; tuigsinn cuin agus ciamar a chleachdar iomairt agus ùr-ghnàthachadh; a bhith comasach air cunnartan a luachadh gus co-dhùnadh fa leth agus le chèile fhiosrachadh; agus comas air impidh a chur air càch gu co-thionnsgnadh a ghabhail os làimh.</p> <p>4.6 Saoranachd Tha saoranachd a' gabhail a-steach: a bhith draghail mun àrainneachd agus mu chàch; a bhith mothachail do chòraichean is dhleastanasan; a bhith mothachail don chomann-shòisealta dheamocratach; a bhith deimhinneach mun chomann-shòisealta; a bhith comasach air àite pearsanta aithneachadh sa cho-theacs seo; agus a bhith mothachail do chùisean cruinneil, a' tuigsinn fèin-dhleastanas an taobh a-staigh nan nithean sin agus a bhith cunntachail ann am fèin-ghiùlain.</p>

<p>5. Sgilean smaoinichaidh Is e seo comas air na sgilean inntinneil de chuimhneachadh, comharrachadh, tuigsinn, gnìomhachadh, mion-sgrùdadh, luachadh agus cruthachadh, a leasachadh.</p>	<p>5.1 Cuimhneachadh Is e seo comas air fiosrachadh, tachartasan agus òrdughan a chomharrachadh, aithneachadh agus cuimhneachadh.</p> <p>5.2 Tuigsinn Is e seo an comas air brìgh pìosan fiosrachaidh a thaisbeanadh, òrdugh thachartasan ann an òrdugh a mhìneachadh agus eadar-mhìneachadh ann an diofar suidheachadh no co-theacs.</p> <p>5.3 A' Co-chur Is e seo an comas air fiosrachadh a th' ann a chleachdadh airson ceist fhuasgladh ann an co-theacs diofraichte, agus gnìomh-obrach a phlanadh, eagrachadh agus a chrìochnachadh.</p> <p>5.4 Sgrùdadh agus Luachadh Tha seo a' còmhdach a' chomais air feartan suidheachaidh no cùise a chomharrachadh agus a chothromachadh agus breithneachadh a chleachdadh ann an tighinn gu co-dhùnadh. Tha e a' gabhail a-steach ath-sgrùdadh agus beachdachadh air fhuasglaidhean san amharc.</p> <p>5.5 Cruthachadh Is e seo an comas air rudeigin ùr-ghnàthach a dheilbh no nì a th' ann cheana a leasachadh nas motha, le bhith a' cur ris meudan no modhan ùra. Tha e a' gabhail a-steach a' chomais air rudeigin ùr a dhèanamh, a sgrìobhadh, no a ràdh.</p>
---	--

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha e aithnichte gu bheil an dleastanasan fhèin aig ionadan fo reachdas co-ionannachd agus iomairtean poileasaidh. Tha an stiùireadh a gheibhear anns na *Notaichean Taic Dhuaisean* air a dheilbh airson suidhe taobh ri taobh nan dleastanasan sin ach sònraichte do liubhairt is measadh an Aonaid.

Bu chòir do mhodhan measaidh cunntas a ghabhail air feumalachdan sònraichte an luchd-ionnsachaidh. Ach, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gu bheil èifeachd a' mheasaidh air a ghleidheadh agus gu bheil an comas aig modhan measaidh uile air fianais coileanaidh a ghineadh, a' còmhdach Bhuilean Is Inbhean Measaidh uile mu choinneamh gach aon de na h-Aonadan a tha a' cur ris.

Eàrr-ràdh 1: Rangachdan tarsainn Duais Eòlas na h-Alba bho SCQF ìrean 3-5

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Buidheann 1: Cànan agus Litreachas				
Beurla	Beurla: Anailis agus Luachadh le Co-theacs Albannach	Beurla: Anailis agus Luachadh le Co-theacs Albannach	Beurla: Anailis agus Luachadh	Beurla: Anailis agus Luachadh
	Beurla: Riochdachadh Cànan le Co-theacs Albannach	Beurla: Cruthachadh agus Riochdachadh le Co-theacs Albannach	Beurla: Cruthachadh agus Riochdachadh le Co-theacs Albannach	Beurla: Cruthachadh agus Riochdachadh le Co-theacs Albannach
Gàidhlig / Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	Gàidhlig: Tuigsinn Cànan	Gàidhlig: Anailis agus Luachadh	Gàidhlig: Anailis agus Luachadh	Gàidhlig: Anailis agus Luachadh
	Gàidhlig: Riochdachadh Cànan	Gàidhlig: Cruthachadh agus Riochdachadh	Gàidhlig: Cruthachadh agus Riochdachadh	Gàidhlig: Cruthachadh agus Riochdachadh
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Cleachdadh Cànan
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Cànan	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Tuigsinn Cànan
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Adhbharan Obrach	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Adhbharan Obrach	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Adhbharan Obrach	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Adhbharan Obrach
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Beatha	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) airson Beatha		
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Èisteachd	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Èisteachd	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Èisteachd	
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Labhairt	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Labhairt	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Labhairt	
	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Sgrìobhadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Sgrìobhadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Sgrìobhadh	

	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Leughadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Leughadh	Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh): Leughadh	
Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Albais	Albais: Eachdraidh agus Leasachadh	Albais: Eachdraidh agus Leasachadh	Albais: Eachdraidh agus Leasachadh	Albais: Eachdraidh agus Leasachadh
	Albais: Tuigsinn agus Conaltradh	Albais: Tuigsinn agus Conaltradh	Albais: Tuigsinn agus Conaltradh	Albais: Tuigsinn agus Conaltradh

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Buidheann 2: Comann-sòisealta agus Àrainneachd				
Saidheans Co-churte				Cleachdadh Fearainn ann an Alba Eag-eòlas na h-Alba
Cànan agus Cultar			Cànan agus Cultar Gàidhlig cho-aimsireil: Ro-ràdh	
Fearann agus Àrainneachd			Rannsachadh Gnothachas Dùthchaille Co-theacs Albannach	
			Geo-iomadachd agus Cruth-tìre ann an Alba: Ro-ràdh	
			Gleidhteachas Dèanadach: Làimhseachadh Àrainnean ann an Alba	
			Bith-iomadachd ann an Alba	
			Cleachdadh Fearainn Dùthchail ann an Alba	
Saidheans Àrainneachdail	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Cruinne- cè le Co-theacs Albannach	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Cruinne- cè le Co-theacs Albannach	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Cruinne- cè le Co-theacs Albannach	Saidheans Àrainneachdail: Goireasan na Cruinne- cè le Co-theacs Albannach
	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le Co-theacs Albannach	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le Co-theacs Albannach	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le Co-theacs Albannach	Saidheans Àrainneachdail: Seasmhachd le Co-theacs Albannach

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
ESOL		ESOL: Còmhnaidh ann an Alba	ESOL: Còmhnaidh ann an Alba	
Cruinn-eòlas	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacs Albannach	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacs Albannach	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacs Albannach	Cruinn-eòlas: Àrainneachdan Fiosaigeach le Co-theacs Albannach
Geòlas	Geòlas, Daoine agus Àrainneachd	Geòlas, Daoine agus Àrainneachd		
	Geòlas agus Seallaidhean	Geòlas agus Seallaidhean		
			Mèinnirean agus Creagan	Mèinnirean agus Creagan
Slàinte agus Teicneòlas Bidhe	Slàinte agus Teicneòlas Bidhe: Cùisean Bidhe Co-aimsireil le Co-theacs Albannach	Slàinte agus Teicneòlas Bidhe: Cùisean Bidhe Co-aimsireil le Co-theacs Albannach	Slàinte agus Teicneòlas Bidhe: Cùisean Bidhe Co-aimsireil le Co-theacs Albannach	Slàinte agus Teicneòlas Bidhe: Cùisean Bidhe Co-aimsireil le Co-theacs Albannach
Eachdraidh	Eòlas Eachdraidh: Albannach	Eòlas Eachdraidh: Albannach	Eòlas Eachdraidh: Albannach	Eòlas Eachdraidh: Albannach
Lagh				Lagh na h-Alba: Ro-ràdh
				Reachdas Dìon Luchd-cleachdaidh ann an Alba
				Frèam Laghail na h-Alba
Nuadh-eòlas	Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le Co-theacs Albannach	Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le Co-theacs Albannach	Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le Co-theacs Albannach	Nuadh-eòlas: Cùisean Sòisealta san Rìoghachd Aonaichte le Co-theacs Albannach
	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte	Nuadh-eòlas: Deamocrasaidh ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Daoine agus Comann-sòisealta	Daoine agus Comann-sòisealta: Rannsachadh Sgilean le Co-theacs Albannach	Daoine agus Comann-sòisealta: Rannsachadh Sgilean le Co-theacs Albannach		
	Daoine agus Comann-sòisealta: Coimeasadh agus lomsgaradh le Co-theacs Albannach	Daoine agus Comann-sòisealta: Coimeasadh agus lomsgaradh le Co-theacs Albannach		
	Daoine agus Comann-sòisealta: Tighinn gu Co-dhùnaidhean le Co-theacs Albannach	Daoine agus Comann-sòisealta: Tighinn gu Co-dhùnaidhean le Co-theacs Albannach		
Poilitigs				Gnìomhachd Riaghaltas Ionadail ann an Alba
Creideamh	Rannsachadh Creideamh agus Creideas le Co-theacs Albannach	Rannsachadh Creideamh agus Creideas le Co-theacs Albannach	Rannsachadh Creideamh agus Creideas le Co-theacs Albannach	Rannsachadh Creideamh agus Creideas le Co-theacs Albannach
Sgilean Dùthchail		Àrainneachd Dhùthchail: Ro-ràdh - Alba		
		Comharrachadh agus Àrainn Gnèithean Dùthchail - Alba		
Sòiseòlas			Sòiseòlas: Cùisean Sòisealta - Alba	Sòiseòlas: Cùisean Sòisealta - Alba
Feallsanachd			Feallsanachd: Eòlas agus Teagamh le Co-theacs Albannach	Feallsanachd: Eòlas agus Teagamh le Co-theacs Albannach

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Buidheann 3: Ealain agus Cultar				
Na Meadhanan	Anailis air Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach	Anailis air Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach	Anailis air Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach	Anailis air Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach
	Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach	Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach	Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach	Cruthachadh Susbaint Mheadhanan le Co-theacs Albannach
Ealain agus Deilbh	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach
	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach	Ealain agus Deilbh: Gnìomhachd Chruthachail le Co-theacs Albannach
Dannsa		Dannsa: Albannach		
			Dannsa: Eile	
			Dannsa: Sgìlean Teicnigeach le Co-theacs Albannach	Dannsa: Sgìlean Teicnigeach le Co-theacs Albannach
Dràma	Sgìlean Dràma le Co-theacs Albannach	Sgìlean Dràma le Co-theacs Albannach	Sgìlean Dràma le Co-theacs Albannach	Sgìlean Dràma le Co-theacs Albannach
			Dràma Coimhearsnachd	
Ceòl	Ceòl: Sgìlean Coileanaidh le Co-theacs Albannach	Ceòl: Sgìlean Coileanaidh le Co-theacs Albannach	Ceòl: Sgìlean Coileanaidh le Co-theacs Albannach	Ceòl: Sgìlean Coileanaidh le Co-theacs Albannach
	Ceòl: Sgìlean Cruthachaidh le Co-theacs Albannach	Ceòl: Sgìlean Cruthachaidh le Co-theacs Albannach	Ceòl: Sgìlean Cruthachaidh le Co-theacs Albannach	Ceòl: Sgìlean Cruthachaidh le Co-theacs Albannach
		Teòiridh na Pioba Gàidhealaich: A' Phìob Mhòr	Teòiridh na Pioba Gàidhealaich: A' Phìob Mhòr	Teòiridh na Pioba Gàidhealaich: A' Phìob Mhòr
			Ceòl agus Òran Gàidhlig Co-aimsireil	

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Buidheann 4:Gnothachas, Gnìomhachas agus Cosnadh				
Gnothachas / Stiùireadh Gnothachas	Gnothachas ann an Gnìomh le Co-theacs Albannach	Gnothachas ann an Gnìomh le Co-theacs Albannach	Tuigsinn Gnothachas le Co-theacs Albannach	Tuigsinn Gnothachas le Co-theacs Albannach
Cùram		Cùram: Luachan agus Prionnsapalan	Cùram: Luachan agus Prionnsapalan	Cùram: Luachan agus Prionnsapalan
		Obair ann am Foghlam Tràth agus Cùram-chloinne	Obair ann am Foghlam Tràth agus Cùram-chloinne	
			Seirbheisean Sòisealta ann an Alba: Ro-ràdh	
Gnìomhachasan Cruthachail			Gnìomhachasan Cruthachail: Ro-ràdh	
		Gnìomhachasan Cruthachail: Bunasachan		
Meadhanan Didseatach		Meadhanan Didseatach Cruthachail: Ro-ràdh		
Eaconamas			Obrachaidhean Margaid agus Eaconamaidh na h-Alba	
			Gnìomhachd Eaconamachd na RA	Gnìomhachd Eaconamachd na RA
Saidheans Innleadaireachd		Co-theacsan agus Dùbhlain Innleadaireachd le Co-theacs Albannach	Co-theacsan agus Dùbhlain Innleadaireachd le Co-theacs Albannach	Co-theacsan agus Dùbhlain Innleadaireachd le Co-theacs Albannach
Seirbheisean Ionmhasail			Seirbheisean Ionmhasail: Ro-ràdh	
Roinn na Slàinte		Roinn na Slàinte: Obair ann an Roinn na Slàinte	Roinn na Slàinte: Obair ann an Roinn na Slàinte	
Aoigheachd		Aoigheachd: Obair ann an Gnìomhachas na		

		h-Aoigheachd		
Saidheans Deuchainn-lann			Saidheans Deuchainn-lann: Dreuchdan-beatha A' Cleachdadh Saidheans Deuchainn-lann	

Raon Cuspaireil	Aonad SCQF ìre 3	Aonad SCQF ìre 4	Aonad SCQF ìre 5	Aonad SCQF ìre 6
Siubhal agus Turasachd		Siubhal agus Turasachd: Alba	Siubhal agus Turasachd: Alba	
			Cinn-uidhe Turasachd Bhreatainn	
				Toradh Turasachd na h-Alba Gnìomhachas Dualchais ann an Alba
Seirbheisean Èidichte agus Èiginn		Seirbheisean Èidichte agus Èiginn: Ro-ràdh		

Fiosrachadh Rianachdail

Foillsichte: An t-Ògmhios 2014 (dreach 1)

Eachdraidh atharrachaidhean ann an Notaichean Taic Duaise

Mion-fhiosrachadh Duaise	Dreach	Iomradh air atharrachadh	Ùghdaraichte le	Ceann-latha

Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhric a bharrachd ios-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Aire: Thathar a' comhairleachadh dhuibh làrach-lìn SQA a sgrùdadh (www.sqa.org.uk) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an dreach as ùire.

© Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba 2014

Notaichean
Taic Duaise



Notaichean Taic Aonaid — Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)



Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhric a bharrachd de na *Notaichean Taic Aonaid* ios-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Thoiribh sùil air an nota mu na h-atharrachaidhean aig deireadh an sgrìobhainn seo airson mion-fhiosrachadh mu atharrachaidhean bhon dreach roimhe seo (far a bheil sin iomchaidh).

Ro-ràdh

Chan eil na *Notaichean Taic Aonaid* seo àithnteil. Tha iad a' solarachadh comhairle agus stiùireadh mu mhodhan liubhairt is measaidh Aonad *Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)*. Tha iad san amharc do thidsearan is òraidichean. Bu chòir an leughadh ann an co-bhann ri:

Sònrachadh an Aonaid
Sònrachadh na Duaise
Notaichean Taic Duaise
Stuthan taic measaidh

Stiùireadh coitcheann mun Aonad

Ged a tha an fhìor ùine air a riarachadh don Aonad seo fo ùghdarras an ionaid, is e 40 uair a thìde an ùine a thathar a' moladh.

Is e amas an Aonaid seo cead a thoirt do luchd-ionnsachaidh an cuid eòlais mu Alba a leudachadh agus doimhneachd a chur ris a thaobh muinntir na h-Alba, a cànanan, comann-sòisealta, cultar, àrainneachd nàdarra no togte agus/no dualchas. Nì iad seo le bhith ag ullachadh airson agus a' crìochnachadh gnìomhachd le fòcas Albannach agus meòrachadh air na tha iad air ionnsachadh.

Ma tha an Aonad seo ga liubhairt mar phàirt de *Duais Eòlas na h-Alba* aig SCQF ìre 6, bidh luchd-ionnsachaidh a cheana ag ionnsachadh – no bidh iad air ionnsachadh – tarsainn trì dhiofar raointean cuspaireil ann an co-theacs Albannach. Mar sin, faodaidh iad an Aonad seo a chleachdadh gus an cuid eòlais air Alba a leasachadh nas motha, fo stiùireadh neo-òrdugheil, ann an diofar dhòighean. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh iad fòcas air Alba a thaghadh ann an raon cuspaireil, no tarsainn raointean cuspaireil, a tha iad air a sgrùdadh cheana ann an co-theacs Albannach. Air an làimh eile, dh'fhaodadh iad cuimseachadh air raon no raointean cuspaireil **ùr**.

Eadar gu bheil no nach eil an Aonad ga liubhairt mar phàirt den Duais no mar Aonad neo-eisimeileach, feumaidh luchd-ionnsachaidh an cothrom fhaighinn an cuid ionnsachaidh a leudachadh agus doimhneachd a chur ris, ann an raon sa bheil ùidh aca. Mar sin, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gun ceadaich am fòcas airson na gnìomhachd do luchd-ionnsachaidh a bhith a' leudachadh agus a' doimhneachadh, agus chan ann dìreach a' daingneachadh an eòlais a th' aca cheana air Alba.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-Aonad seo a' leasachadh sgilean a tha cudromach airson ionnsachadh soirbheachail neo-eisimeileach. Ionnsaichidh iad:

raointean eòlais buntainneach, tùsan fiosrachaidh mionaideach agus goireasan, a chomharrachadh

tùsan a rannsachadh agus fiosrachadh buntainneach a thaghadh
fiosrachadh agus goireasan a chleachdadh gus amasan comharraichte a choileanadh

meòrachadh air an cuid ionnsachaidh

mion-sgrùdadh ann an doimhneachd agus conaltradh gu h-èifeachdach agus gu mionaideach

pròiseasan a luachadh agus èifeachdas am modhan conaltraidh taghte a bhith ag obair gu neo-eisimeileach

Tha an Aonad seo aig SCQF ìre 6 agus mar sin bu chòir do gach neach-ionnsachaidh a bhith ag obair leis fhèin. Ach, bu chòir do thidsearan agus òraidichean fiosrachadh air ais a thoirt air roghainnean luchd-ionnsachaidh a thaobh amasan agus gnìomhachdan, gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad iomchaidh.

Ged a tha na sgilean a dh'fheumas luchd-ionnsachaidh a thaisbeanadh air an sònrachadh, chan eil eòlas no tuigse do-sheachanta airson an Aonaid. Tha saorsa aig ionadan agus luchd-ionnsachaidh fòcas Albannach sam bith a chomharrachadh airson an gnìomhachdan a rèir nan goireasan a tha rim faotainn agus an co-theacs sa bheil an Aonad ga liubhairt. Dh'fhaodadh am fòcas airson gnìomhachd a bhith air, **mar eisimpleir**:

Albais no Gàidhlig

Iorgan, innleachdan no iomairtean de thùs Albannach

coimhearsnachd/coimhearsnachdan sònraichte

tachartas no leasachadh eachdraidheil

taobh de chultar, mar eisimpleir, biadh, traidiseanan, spòrs, beul-aithris

cùis de chudromachd eachdraidheil agus/no cho-aimsireil

gnìomhachas no malairt

taobh de bheatha dhùthchail agus/no bailteil ann an Alba

Albannach buadhmhor aig an taigh no thall-thairis

buadhan bhon taobh a-muigh air Alba agus a cultar

litreachas, ealain ghnìomhach no lèirsinneach, no ceàird

buadhan ann an raointean feallsanachd, sòiseòlais no saidhceòlais

taobh de chreideamh / creideas cràbhach

àiteachan inntinneach agus/no cudromach

taobh den àrainneachd nàdarach no togte

an diaspora Albannach

in-imrich

riochdachadh Alba agus/no Albannaich ann, mar eisimpleir, film, litreachas,

na meadhanan, ealain agus deilbh

fìor-fhiosrachadh agus ficseanan mu dheidhinn Alba

Chan eil an liosta seo iomlan. Tha i a' solarachadh dealbh den raon fharsaing de chomasan sgrùdaidh co-cheangailte ri Alba airson an Aonaid seo.

Modhan ionnsachaidh agus teagaisg

Planadh ghnìomhachdan

Bidh modhan ionnsachaidh is teagaisg iomchaidh an urra ris na goireasan agus ris an ealantas a tha ri fhaotainn anns gach ionad. Bidh iad cuideachd an eisimeil eòlasan ro-làimh, neartan agus ùidhean luchd-ionnsachaidh. Ach anns a h-uile ionad, feumaidh na modhan sin cothroman a sholarachadh do luchd-ionnsachaidh gu eòlas a leudachadh agus doimhneachd a chur ris an eòlas a th' aca cheana mu Alba agus na sgìlean a leasachadh air a bheil feum aca airson an Aonaid seo a choileanadh. Mar sin, bidh feum aig luchd-ionnsachaidh air tìde a thuilleadh air taic bho an tidsearan agus an òraidichean, gus an cuideachadh a' meòrachadh air an eòlas a th' aca air Alba agus fòcas iomchaidh a chomharrachadh airson tuilleadh ionnsachaidh. Bidh feum aca cuideachd air tuigse a leasachadh a thaobh nàdar nan sgìlean a tha riatanach.

Mus tòisich an luchd-ionnsachaidh a' planadh an cuid ghnìomhachdan, bu chòir do thidsearan is òraidichean tìde a thoirt dhaibh airson an cuideachadh gu tuigse air na sgìlean agus air an eòlas a dh'fheumas iad a thaisbeanadh airson an Aonaid a choileanadh. Dh'fhaodadh seo a bhith tro, mar eisimpleir:

deasbadan luchd-ionnsachaidh agus tidsear no òraidiche solar agus deasbad air liosta-sgrùdaidh a dh'fhaodas luchd-ionnsachaidh ath-sgrùdadh agus a mhion-sgrùdadh gu neo-eisimeileach no còmhla ri càch deasbad buidhne no paidhriche mu na sgìlean a dh'fheumas iad a leasachadh agus an t-adhbhar a tha iad cudromach

Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean measgachadh de mhodhan-obrach a chleachdadh gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a' meòrachadh air an eòlas a th' aca air Alba cheana, mar eisimpleir:

deasbadan structaraichte paidhir no buidhne
deasbad aon-ri-aon le luchd-ionnsachaidh fa leth
mapadh-inntinn no modh freagarrach eile, air a leantainn le fiosrachadh air ais bho chomhaoisean agus tidsear no òraidiche, agus deasbad ceistean structaraichte air am faod luchd-ionnsachaidh fa leth meòrachadh, air an leantainn le deasbad le comhaoisean agus/no tidsearan no òraidichean

Amasan agus gnìomhachdan

Bidh leud agus nàdar amasan agus gnìomhachdan san amharc an crochadh air na goireasan agus air an ealantas a tha rim faotainn san ionad. Ach, bu chòir do luchd-ionnsachaidh nas urrainnear de shaorsa fhaighinn gus an amasan agus an gnìomhachdan fhèin a chomharrachadh an taobh a-staigh nan cuibhreachaidhean sin. Bidh seo cudromach gus a dhèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gach neach-ionnsachaidh taobh de dh'Eòlas na h-Alba sa bheil ùidh aca, a rannsachadh.

Bidh gnìomhachdan freagarrach an crochadh air na neartan is sgilean a tha aig an luchd-ionnsachaidh. **Feumaidh** luchd-ionnsachaidh na neartan agus na sgilean sin a chleachdadh gus na dh'ionnsaich iad a chonaltradh gu h-èifeachdach. Mar eisimpleir, cha bhi luchd-ionnsachaidh a roghnaicheas goireas air-loidhne a thoirt gu buil comasach ach air conaltradh gu h-èifeachdach ma tha na sgilean riatanach aca cheana.

Tha na leanas nan samhla de dh'amasan agus gnìomhachdan iomchaidh. Tha na samhlaichean seo dìreach mar eisimpleir a-mhàin – bu chòir luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh gu bhith a' lorg am fòcas, an amasan agus an gnìomhachdan fhèin agus bu chòir do thidsearan/òraidichean fiosrachadh air ais a thoirt dhaibh aig ìre planaidh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil iad sin freagarrach.

<p>Eisimpleir 1: Tha Neach-ionnsachaidh A air a bhith ag ionnsachadh Politigs, Cruinn-eòlas agus Litreachas na h-Alba, mar phàirt de Dhuais Eòlas na h-Alba aig SCQF ìre 6.</p>
<p>Amasan: Tùsan agus leasachadh Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh a rannsachadh. Buaidh na Pàirc Nàiseanta a thaobh cosnaidh agus turasachd san sgìre mun cuairt, a rannsachadh.</p> <p>Gnìomhachd: Loga-leabhar den obair a-muigh a thoirt gu buil anns a bheil dàta air a ghiullachadh agus air a mhion-sgrùdadh, dealbhan agus sgeidsichean.</p>
<p>Eisimpleir 2: Tha Neach-ionnsachaidh B air a bhith ag ionnsachadh Ceòl, Eachdraidh agus Dannsa mar phàirt de Dhuais Eòlas na h-Alba aig SCQF ìre 6.</p>
<p>Amasan: Ionnsachadh mu thùsan agus leasachadh Conservatoire Rìoghail na h-Alba gus an latha an-diugh. Pearsa cliùiteach a bha ag ionnsachadh an sin, a rannsachadh.</p> <p>Gnìomhachd: Podcast a chruthachadh anns a bheil stuthan bhon tasglann agus bhon latha an-diugh, a' cleachdadh altan-obrach lèir-chlaisneach.</p>
<p>Eisimpleir 3: Tha Neach-ionnsachaidh C air a bhith ag ionnsachadh Dràma, Litreachas na h-Alba agus Gnothachas mar phàirt de Dhuais Eòlas na h-Alba aig SCQF ìre 6.</p>
<p>Amasan: Ionnsachadh mu dheidhinn Theatar Nàiseanta na h-Alba tro a phlana-obrach. Raon de riochdachaidhean a mhion-sgrùdadh a dh'fhaicinn a bheil iad air a' phlana-obrach aca a choileanadh.</p> <p>Gnìomhachd: Cruthaich collage a' mapadh nan gnìomhachaidhean aca thar nam bliadhnaichean.</p>
<p>Eisimpleir 4: Tha Neach-ionnsachaidh D air a bhith ag ionnsachadh Nuadh-eòlas agus Gnothachas mar phàirt de Dhuais Eòlas na h-Alba aig SCQF ìre 6.</p>
<p>Amasan: Mar a tha pàipearan-naidheachd leathan agus tabloid ag aithris air fòirneart ball-coise, a choimeasadh. Sgrùdadh a dhèanamh air cùis eucoir an lùib fòirneart ball-coise ann an Alba.</p>

<p>Gnìomhachd: Gnìomhachadh a chruthachadh a tha a' rannsachadh fòirneart ball-coise agus mar a tha e air a thaisbeanadh sna meadhanan.</p>
<p>Eisimpleir 5: Tha Neach-ionnsachaidh E air a bhith ag ionnsachadh Eachdraidh, Ealain agus Deilbh agus Siubhal is Turasachd mar phàirt de Dhuais Eòlas na h-Alba aig SCQF ìre 6.</p>
<p>Amasan: Rannsachadh ann an doimhneachd a dhèanamh air an ìre a bha Raibeart Brus an sàs ann an cogaidhean na neo-eisimeileachd. Mion-sgrùdadh a dhèanamh air buaidh na làraich air builean a chuid oidhirpean armailteach.</p> <p>Gnìomhachd: Stiùir sgrìobhte turasachd agus mapa shlighean timcheall àiteachan cudromach a chruthachadh, agus an ìre gun robh Raibeart Brus an sàs ann an cogaidhean na neo-eisimeileachd.</p>
<p>Eisimpleir 6: Tha Neach-ionnsachaidh F air a bhith ag ionnsachadh Aonad Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6) air bunait shaor. Tha e an dùil crìoch a chur air HNC ann an Stiùireadh Gnothachas sa cholaiste an dèidh dha an sgoil fhàgail.</p>
<p>Amasan: Na toraidhean agus na seirbheisean lìonmhor a bhios Alba ag às-mhalairt a rannsachadh ann an doimhneachd. An gluasad ann an às-mhalairt thar nan 300 bliadhna a dh'fhalbh, a mhion-sgrùdadh.</p> <p>Gnìomhachd: Aithriseachd a chruthachadh a bhios a' comharrachadh phàtranach caochlaideach ann am bathar às-mhalairt ann an Alba.</p>

Gheibhear tuilleadh eisimpleirean de dh'amasan agus gnìomhachdan san amharc anns na Notaichean Taic airson Aonad Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas aig SCQF ìrean 3, 4 agus 5. Tha iad sin a' cuideachadh le bhith a' nochdadh roghainnean comasach a dh'fhaodadh a bhith air an atharrachadh airson SCQF ìre 6.

Tùsan agus goireasan

Feumaidh luchd-ionnsachaidh **trì** tùsan fiosrachaidh aig a' char as lugha a chomharrachadh agus na goireasan air am bi feum aca, gun chuideachadh bhon tidsear no an òraidiche aca. Ach, bu chòir do thidsearan agus òraidichean fiosrachadh air ais a thoirt dhaibh mu an roghainn a thaobh amasan, gnìomhachdan, tùsan agus goireasan.

Bu chòir do thùsan a bhith mionaideach agus farsaing gu leòr airson a dhèanamh cinnteach gum feum luchd-ionnsachaidh rannsachadh a ghabhail os làimh gus am bi aca ri fiosrachadh mionaideach a thaghadh a tha buntainneach do an amasan. Dh'fhaodadh tùsan fiosrachaidh freagarrach a bhith a' gabhail a-steach:

làraich-lìn iomchaidh
ficsean no fìor/leabhraichean lorg – ann an cruth pàipeir no eileagtronaigeach
pearsa no buidheann
leabhraichean, leabhraichean-latha, pàipearan-naidheachd no leabhraichean fiosrachaidh
co-chonaltraidhean no taisbeanaidhean bho òraidichean bhon taobh a-muigh
prògraman telebhisein no rèidio, DVDan
stuthan tasglainn

tursan a-mach no tadhalan
taisbeanaidhean lèirsinneach
catalogan speisealaichte agus/no irisean

Dh'fhaodadh nach bi feum aig cuid de ghnìomhachdan ach air goireasan bunasach leithid, mar eisimpleir, cothrom air coimpiutair agus na stuthan a dh'fheumar airson toradh an rannsachaidh a thaisbeanadh air pàipear. Dh'fhaodadh gnìomhachdan eile a bhith ag iarraidh, mar eisimpleir, cothrom air stuthan ealain is ceàird, farsaingeachd airson cleachdadh mu choinneamh gnìomhachadh no uidheamachd sònraichte airson nì a chruthachadh. Mar sin, bidh an àireamh agus an seòrsa ghoireasan a dh'fheumar an eisimeil nan gnìomhachdan a chaidh a thaghadh. Bu chòir cunntas a ghabhail den seo nuair a thathar a' planadh an raoin de dh'amasan san amharc agus na gnìomhachdan a bhios rim faotainn leis an luchd-ionnsachaidh.

Faodaidh luchd-ionnsachaidh an gnìomhachdan a chrìochnachadh leotha fhèin no mar phàirt de bhuidheann. Nuair a tha iad a' dèanamh seo, bu chòir do thidsearan is òraidichean sùil a chumail air adhartas agus fiosrachadh air ais a thoirt seachad mar phàirt den phròiseas ionnsachaidh is teagaisg.

Modhan measaidh agus tional fianais

Tìmeachadh agus suidheachaidhean

Bidh measadh ga choileanadh tron Aonad air fad fhad 's a tha luchd-ionnsachaidh a' planadh agus a' cur crìoch air an gnìomhachdan, agus a' meòrachadh air an cuid ionnsachaidh. Bu chòir cothrom a bhith aig luchd-ionnsachaidh air fiosrachadh agus na goireasan a tha iad air a chomharrachadh. Mar sin, chan eil measadh de leabhar-dùinte iomchaidh don Aonad seo.

Aon uair 's gu bheil iad air an amasan, gnìomhachdan, tùsan agus goireasan a thaghadh, bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair gu neo-eisimeileach fo stiùir neo-òrdughail an tidseir no an òraidiche.

Tional Fianais

Bidh nàdar na fianais a bheirear gu buil airson coileanadh a thaisbeanadh, an eisimeil nan amasan agus nan gnìomhachdan a tha an luchd-ionnsachaidh air a thaghadh. Dh'fhaodadh fianais a bhith:

sgrìobhte, labhairte no clàraichte gu h-eileagtronaigeach
air a ghineadh tro chruthachadh is liubhairt air gnìomhachadh a tha a' faotainn taic bho liosta-sgrùdaidh amhairc measadair
air a ghineadh tro phlanadh is cruthachadh air toradh leithid, mar eisimpleir, obair ealain, obair ceàird no modal
air a ghineadh tro phlanadh is coileanadh gnìomhachd dèanadach leithid tachartas no turas a-mach le fòcas air Alba
cothlamadh de na tha gu h-àrd.

Bidh e comasach fianais a ghineadh don dà Bhuil ann an dòigh amalaichte. Tha seo a chionn 's gum bi, a thaobh luchd-ionnsachaidh a choileanas an Aonad, fianais anns an ullachadh agus an toradh aig deireadh gnothaich, gu bheil iad air a phlanadh agus air crìoch a chur air an gnìomhachdan agus air meòrachadh air an cuid ionnsachaidh. A' cleachdadh nan eisimpleirean de ghnìomhachdan a th' anns an earrainn *Modhan ionnsachaidh agus teagaisg* gu h-àrd:

ann an eisimpleir **1**, bheir an loga-leabhar den obair a-muigh fianais seachad gu bheil a' ghnìomhachd air a planadh agus air a crìochnachadh. Bheir susbaint an loga-leabhair fianais seachad gu bheil an neach-ionnsachaidh air na tha e/i air ionnsachadh a chomharrachadh, agus air na lorg e/i a chonaltradh.
ann an eisimpleir **3**, bheir an collage seachad fianais gu bheil a' ghnìomhachd air a planadh agus air a crìochnachadh, agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air cuid de na lorg e/i a chonaltradh. Bheireadh leabhar-obrach eileagtronaigeach no fear pàipeir le notaichean, leabhar-sgeidse no fòilio air an cleachdadh gus beachdan a leasachadh don chollage, seachad tuilleadh

fianais gu bheil an neach-ionnsachaidh air na lorg e/i a chomharrachadh agus a chonaltradh.

ann an eisimpleir 4, solaraichidh an gnìomhachadh, air a dhearbhadh leis a' mheasadair, fianais gu bheil a' ghnìomhachd air a planadh agus air a crìochnachadh agus gu bheil an neach-ionnsachaidh air cuid de na lorg e/i a chonaltradh. Bheireadh notaichean, loga-leabhar, bloga no leabhar-latha air an cumail tron pròiseas leasachaidh, seachad tuilleadh fianais gu bheil an neach-ionnsachaidh air na lorg e/i a chomharrachadh agus a chonaltradh.

Ge 'r bith dè an cruth a bhios air an fhianais, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gur h-e obair gach neach-ionnsachaidh fhèin a th' anns an fhianais seo. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh ag obair fo stiùireadh, bidh e comasach do thidsearan no òraidichean a bhith ag amharc gur ann mar seo a tha. Nuair a tha luchd-ionnsachaidh ag obair gu neo-eisimeileach, dh'fhaodadh tidsearan no òraidichean agallamhan aon-ri-aon no ceasnachadh leantainneach mu adhartas a chleachdadh, mar dhòighean air a fhianais fhìreanachadh.

Breithneachadh an fhianais

Nuair a thathar a' dèanamh agus a' dearbhadh cho-dhùnaidhean measaidh, feumaidh tidsearan is òraidichean cuimhneachadh gu bheil am fòcas measaidh air an taobh de dh'Alba a tha an neach-ionnsachaidh air a thaghadh agus air na sgilean a tha cudromach airson ionnsachadh soirbheachail neo-eisimeileach. Feumaidh fianais uile a bhith air a bhreithneachadh an aghaidh Builean, Inbhean Measaidh agus Riatanasan Fianais ann an *Sònrachadh Aonad Eòlas na h-Alba: Alba ann am Fòcas (SCQF ìre 6)*.

Chan eil am fòcas measaidh air sgilean teicnigeach sònraichte do chuspair leithid sgrìobhadh cruthachail, tarraing teicnigeach, cleachdadh innealan no sgilean gnìomhachaidh. Ach, feumaidh luchd-ionnsachaidh an cuid ionnsachaidh a chonaltradh gu h-èifeachdach agus gu mionaideach. Chan eil e coltach gum bi iad comasach air seo a dhèanamh mura h-eil na sgilean aca cheana a dh'fheumar gus iad fhèin a mhineachadh tron mheadhan a tha iad a' cleachdadh.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Tha e aithnichte gu bheil an dleastanasan fhèin aig ionadan fo reachdas co-ionannachd agus iomairtean poileasaidh. Tha an stiùireadh a gheibhear anns na *Notaichean Taic Aonaid* seo air a dhealbh airson suidhe taobh ri taobh nan dleastanasan sin ach sònraichte do liubhairt is measadh an Aonaid.

Bu chòir do mhodhan measaidh cunntas a ghabhail air feumalachdan sònraichte an luchd-ionnsachaidh. Ach, feumaidh ionadan a dhèanamh cinnteach gu bheil èifeachd a' mheasaidh air a ghleidheadh agus gu bheil an comas aig modhan measaidh uile fianais coileanaidh a ghineadh, a' còmhdach nam Builean agus nan Inbhean Measaidh uile.

Fiosrachadh rianachdail

Foillsichte: An Dùbhlachd 2014 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean ann an Notaichean Taic Aonaid

Mion-fhiosrachadh Aonaid	Dreach	Iomradh air atharrachadh	Ùghdaraichte le	Ceann-latha

Faodaidh an sgrìobhainn seo a mhac-samhlachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan oideachail cho fada agus nach eilear a' dèanamh prothaid air bith bhon mhac-samhlachadh agus gun toirear aithneachadh don tùs, ma thèid a mhac-samhlachadh ann am pàirt. Faodar lethbhric a bharrachd ios-lodadh bho làrach-lìn SQA: www.sqa.org.uk.

Aire: Thathar a' comhairleachadh dhuibh sùil a thoirt air làrach-lìn SQA (www.sqa.org.uk) gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sibh a' cleachdadh an dreach as ùire.

© Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba 2014